



Ceàird an Sgriobhaiche

Leughadh agus Sgriobhadh Co-roinnte

ilean Liath Caimbeul.

dhaire. Nairg dh 'òlas iad

d

a

d.

air a

heit

white color na

Clear Spinnach am

dò amg My French,

neo-fhicsean

Clàr-innse

Roinn 1: Neo-fhicsean

Doineannan – <i>Earrann bho leabhar fiosrachaидh</i>	7
An Latha – <i>Earrann bho phàipearan-naidheachd ionadail</i>	8
Fèileadh Ùr an ìompaire – <i>Lèirmheas</i>	9
An-diugh – <i>Earrann bho phàipear-naidheachd nàiseanta</i>	10
Ialtagan longantach – <i>Duilleag fiosrachaидh</i>	11
Ialtagan – <i>Teacsa bho leabhar fiosrachaидh</i>	12
Òladairean-fala – <i>Teacsa fiosrachaидh fuadain</i>	13
Caimbeulaich agus Griogaraich – <i>lomradh eachdraidheil</i>	14
Cinnidhean Còmhragach – <i>Eachdraidh aotrom</i>	15
Stoidhlean snàmh – <i>Teacsa stiùiridh</i>	16
Stoidhlean snàmh – <i>Griod</i>	17
Clann an Toiseach – <i>Sanas Carthannais</i>	18
Sùthan – <i>Teacsa deasbaid</i>	19



Doineann

Doineannan a' tighinn air tìr

Ma thig doineann air tìr, faodaidh i togalaichean, craobhan is càraichean a sgrios le neart nan gaoithean aice. Bidh na gaoithean anns an doininn cuideachd a' bruthadh sàl do mheadhan na doininn far a bheil e a' dol na bheinn mhòr uisge. Cuideachd, nuair a thig an doineann air tìr, chan eil àite ann don tèid an tuisge seo ach air tìr. Bidh seo ag adhbharachadh thuilean mòra ris an canar 'atadh stoirme'.

Hurricane Gloria, getty images

Dè th' ann an doineann?

'S e seòrsa de shiostam-sìde, no stoirm, a th' ann an doineann, anns am bi gaoithean làidir a' gluasad ann an cuairteag. 'S ann tuathal a bhios na gaoithean a' gluasad, agus a-steach agus suas, timcheall air 'sùil' aig meadhan na doininn. Tha an t-sùil meadhanach ciùin, le sìde thioram agus gaoth aotrom. Ann a' chòrr dhen doininn tha gaoithean a' gluasad aig astaran eadar 75 agus 200 mile san uair. Faodaidh doineannan a bhith cho mòr ri 600 mile bho thaobh gu taobh.

Bidh doineannan a' tòiseachadh aig muir, ann an sgìrean tropaigeach nuair a tha na leanas uile ann aig an aon àm:

- teòthachd mara nas àirde na 27°C
- teòthachd an adhair ìosal aig ìrean nas àirde os cionn na mara
- gaoithean a' sèideadh bhon aon àird agus aig an aon astar

Cha bhi doineann idir a' tòiseachadh faisg air crios-meadhain an t-saoghail oir tha fòrsa Coriolis ro fhaisg an sin agus 's e a tha a' toirt air doineannan caran a chur.

Bidh teòthachd na mara agus deatachadh sàl a' toirt lùth dhaibh. Bidh iad a' gluasad aig timcheall air 10-20 mile san uair tarsainn a' chuain. Mairidh iad mar as trice airson corr is seachdain.

Ainmean


Bidh dùthchannan ann an sgìrean far a bheil doineannan buailteach tighinn airtìr a' cumail sùil dhlùth orra fhad 's a thogas iad neart aig muir. Airson an obair seo a dhèanamh nas phasa, bidh iad a' toirt ainmean dhaibh. 'S e ainmean boireann a-mhàin a bh' air an cleachdadhu suas gu 1979, nuair a thòisich iad a' cleachdadhu ainm fireann agus ainm boireann mu seach. Ma dh'adhbharaicheas doineann sgrios uabhasach, cha bhi an t-ainm air a chleachdadhu a-rithist.




Doineann Katrina

www.katrina.nasa.gov

Doineann Katrina a' tighinn air tìr anns na Stàitean ann an 2005, far an do dh'adhbharaich i tàrr sgrios. Chithear 'sùil' Katrina san dealbh (dealbh: NASA)



An Latha




Diciadain 20 Màrt 2010 – MMX

Pàipear Seachdaineach na Coimhearsnachd

50sg

Photo: bremenundis.net/
Foto: CC0/Creative Commons
Attribution



Naidheachdan Ionadail

Spòrs Ionadail

Beachd Ionadail

A' ruighinn a' mhullaich airson carthannais

Bha dithis gillean às an Eilean Sgitheanach am measg cheudan de luchd-ruith a ghabh páirt ann an Rèis nan Ceithir Bheanntan ann an ceann a tuath Shasainn air an t-seachdain sa chaidh.

Tha an rèis am measg nan rèisean as duilge san dùthchaich, le luchd-ruith a' seap ceithir beanntan taobh a-staigh ceithir uairean fichead, ged a tha na beanntan còrr is leth-cheud mìle bho chèile agus aca ri siubhal eatarra.

Chaidh sgioba de luchd-taic às an Eilean còmhla ris na gillean gus taic agus brosnachadh a thoirt dhaibh.

Bha na gillean a' togail airgead airson taigh-eiridinn ann am Port Rìgh.

Chuir Iain MacIlleMhaoil às an Àth Leathann crìoch air an rèis le ùine iongantach de 22u agus 52m, a dh'fhàg anns a' chìad fhichead e, às an 282 a ghabh páirt anns an



www.gwjohnson.net

Iain agus Tormod air a' cheathramh beinn.

rèis uile gu lèir.

Thug Tormod ('Norrie') Mac a' Phearsain à Ealagholl beagan na b' fhaide, aig 23u 22m, agus dh'fhàg an ùine seo e anns an leth-cheud a bu luaithe.

"Bha e gu math doirbh, ach fad na h-ùine a bha mi a' ruith, bha mi

a' smaointinn air an taigh-eiridinn," thuit Iain. "Tha mi gu math toilichte leis an ùine agam, ach cha chreid mi gun dèan mi rithist e ann an cabhaig!"

"Bha sinn air leth fortanach uimhir de thaic fhaighinn bho mhuinnitir an Eilein," thuit Norrie. "Mura b' e

iadsan, cha robh mise air am mullach mu dheireadh a ruighinn."

Tha na gillean air £4,800 a thogail gu ruige seo agus tha an t-airgead fhastast a' tighinn a-staigh. Faodar cur ris a' mhaoin tro sheòladh àbhaisteach a' phàipeir.

Fèileadh Ùr an Ìompaire

Wee Stories Theatre
King's, Dùn Èideann



le Sìne Lowdon

“Uaireannan ’s e am mac-meanmna agad fhèin as mothà a chuireas an t-eagal ort,” thuirt nighean bheag, air an robh Rona, ri Glen, an Iolaire, letheach tron dealbh-chluich seo. Tha sin a’ cuideachadh Glen gus faighinn seachad air cnap-starra mòr; an t-eagal a th’ air ro fhaileas fhèin. Ged nach robh an t-eagal oirnne mar luchd-èisteachd, bha gu leòr ann do ar mac-meanmna. Gu dearbha, tha mac-meanmna aig cridhe an dealbh-chluich aoibhnich seo, gach cuid san dòigh anns a bheil e air a thoirt beò agus mar chuspair na sgeulachd fhèin.

Tha mac-meanmna aig Mgr Clò agus Mgr Hearach, an dithis eucoireach às a’ bhaile mhòr a tha a’ dèanamh air Eilean an Fhèilidh ’s iad a’ cur an ìre gur e breabadairean a th’ annta. Agus abair mac-meanmna nuair a dh’ innseas iad do dh’Uachdaran Eilean an Fhèilidh gu bheil clò ùr aca a tha do-fhaicsinneach do dhaoine a tha tiugh sa cheann. Tha fiù ’s mac-meanmna aig an Uachdaran ’s e a’ cur an ìre gum faic e fhèin an clò nach eil idir ann. Tha an t-Uachdaran caran coltach ri Glen – tha iad le chèile car gòrach a’ coimhead, taing don mhac-meanmna aca.

Chaidh an dealbh-chluich a stiùireadh le Andy Cannon agus Iain Johnstone agus ’s iad a tha cuideachd ga thoirt beò air an àrd-ùrlar, le Louise Montgomery, Alan Steele agus Stewart Cairns. Ged is e Wee Stories a tha ga chur air chois, ’s ann às leth Tèatar Nàiseanta na h-Alba a tha e air chuaireart air feadh Alba. ’S ann air chuaireart de sheòrsa eile – saor-làithean – a tha an triùir chloinne ris a bheil sinn a’ tachairt aig fior thoiseach an dealbh-chluich. ’S iad a’ chlann seo a tha a’ toirt beò sgeulachd an fhèilidh nach eil ann – a tha stèidhichte air *The Emperor’s New Clothes* le Hans Christian Andersen. Tha iad a’ cleachdadadh rudan gu math àbhaisteach ann a bhith ga dhèanamh – an dearbh sheòrsa rudan leis am bi clann a’ cluich iad fhèin nuair a tha iad a’ dèanamh suas gheamaichean aig an taigh. Tha na cleasaichean uile fior mhath agus air uaireannan tha e doirbh a chreidsinn nach eil ann ach còignear dhiubh leis na tha iad a’ cluich de charactaran. Bha mise gu sònraichte dèidheil air Ramsay an Rùda (Andy Cannon), Mrs McMutton (Louise Montgomery) agus an t-Uachdaran fhèin (Iain Johnstone). Bha an dreach stèidse iongantach; tha e coltach gun do ghabh treud de bhoireannaich hangar plèana os làimh gus fhuaigheal don chompanaidh. Mac-meanmna a-rithist!

Ann an Dùn Èideann gu Disathairne, Glaschu bho Dhimàirt gu Disathairne an-ath-sheachdain agus an uair sin air chuaireart air feadh Alba. Fòn 0822 556 2272 airson tuilleadh fiosrachaidh.



Diluain 29 Lùnastal 2005 – MMV

Am Pàipear Làitheil

70sg

| Naidheachdan | Beachdan | Spòrs | Film | Tòimhseachain |

Katrina a' ruighinn cost a deas nan Stàitean; 'na ceudan' air am marbhadh

*Le Iain White
agus Ruth Evans
ann am Florada*

Tha Doineann Katrina air pàirtean mòra de Louisiana, Florada agus Teagsas a sgrios. Tha an suidheachadh gu sònraichte dona ann an New Orleans, le Riaghaltas nan Stàitean ag ràdh gun deach 'na ceudan' a mharbhadh nuair a bhris an stoirm siostam nan levees.

Thuirt Seirbheis Nàiseanta na Sìde gur ann madainn andè a ràinig Katrina àirde a neirt, mun àm a bhual i anns a' chost. 'S ann dìreach dà uair a thìde ron a sin a chaidh i na doineann, às dèidh dhi gluasad o na Bahamas mar stoirm thropaigeach Dimàirt. 'S ann Disathairne a thàinig rabhadh o Ionad Nàiseanta nan Doineannan (NHC) gun robh i air an t-slige agus chaidh na miltean a ghluasad às na taighean aca.

"Dìreach a' coimhead a-mach an uinneag, tha sgrios ann a tha dochreidsinneach," thuirt Chris Rawinsky, fear-coimpiutaireachd ann am

Biloxi, Mississippi. "Chaidh an dealan dheth agus shuidh sinn san dorchedas a' feitheamh gus an gabhadh an stoirm seachad. Cha chuala mi riamh fuaim coltach ris. Aig aon àm, bha sinn a' smaointinn gun tigeadh an taigh a-nuas mur cinn."

"S e nurs a th' annam agus dh'fheuch mi ri dhol còmhnrach chun an ospadail nuair a chuala mi gun robh an stoirm a' tighinn," thuirt Anne Rapier à Slidell, Louisiana. "Ach bha na rathaidean duinte agus chan fhaighinn troimhe. Tha mi a' gabhail dragh mum cho-obraichean agus na h-euslaintich a-nis. Cha bhi dealan aca, no fòn, no uisce glan. Chunna mi stoirmean roimhe, ach chan fhaca mi riamh sòn coltach ri sin."

Bha an duine aig a' Bh-uas Rapier e fhèin a-muigh le caraidean a' glanadh rathaidean.

Thuirt an Taigh Geal gun robhar ag obair còmhla ris na buidhnean eiridinn agus



<http://japanetv.com>

Sgrios Katrina ann am Florida.

an arm gus cobhair a thoirt do dhaoine a tha a-nis gun dachaigh no a tha fhathast ann an cunnart am beatha anns na sgìrean don nach d' fhuair luchd-eiridinn fhathast.

Ro Katrina, 's e Doineann Anndra an doineann bu mhiosa a dh'fhuiling na

Stàitean anns na ceud bliadhna a chaidh seachad. Thàinig Anndra air tir ann an 1986, agus chaidh 65 daoine a mharbhadh. Thathar a' meas gum bi an sgrios – agus an àireamh a fhuair bàs – ri linn Katrina co-dhiù deich uimhir nas miosa.

Ialtagan longantach

An ialtag as lugh a ann am Breatainn

Pipistrelle: 4cm, 5g

An ialtag as moth a ann am Breatainn

Noctula: 8cm, 40g

An ialtag as lugh a air an t-saoghal

Ialtag Bambù, Na Filipionan: 4cm, 1.5g

An ialtag as moth a air an t-saoghal

Kalong, Àisia: 32cm, 1.4-1.8cg (fireann), 0.9cg (boireann)



Feartan

- Car coltach ri luch
- Mamalan le fuil bhlàth is gaoiseid air am bodhaigean, agus bainne aig feadhainn bhoireann
- Sgiathan le meamran de chraiceann eadar cnàmhan a tha coltach ri cnàmhan làmh agus gàirdean duine
- Comas cadal bun-os-cionn
- Feadhainn bhoireann a' breith còmhla air 'spiris mhàthaireil'

Biadh

Bidh a' mhòr-chuid de dh'ialtagan ann am Breatainn ag ithe fhìrdean is mheanbh-bhiastagan. Bidh iad ag ithe air an iteig gu math tric, ach nuair a tha iad air frìde mhòr a mharbhadh, tillidh iad chun na spiris gus a h-ithe. Bidh cuid de dh'ialtagan mòra ag ithe mheasan, an Kalong nam measg. Bidh feadhainn eile ag ithe iasg. Tha trì gnèithean de dh'ialtagan ann a bhios a' tighinn beò air fuil bheathaichean is eòin. Thathar a' creidsinn gur e dòighean-seilg nan ialtagan seo a chruthaich an ceangal ann am mac-meanmna dhaoine eadar ialtagan agus òladairean-fala.

Spirisean

Bidh ialtagan a' fuireach air spiris. Bidh iad a' lorg àite airson spiris ann an uamhan, tunailean, mèinnean, togalaichean, craobhan is drochaidean.

Fradharc is claisneachd

Tha fradharc ialtagan glè mhath, ach bidh iad gu tric a' cleachdadadh an claisneachd an àite am fradharc bhon a bhios iad nan dùisg tron oidhche. Bidh iad a' cleachdadadh mac-talla nan guthan aca fhèin airson dealbh a chruthachadh dhe na tha mun cuairt orra. Tha an guth gu math àrd agus cha chluinn mac an duine iad idir, ach a-mhàin corra dhuine cloinne.

Ialtagan



<http://mamatus.centerblog.net/2044-le-parc-de-la-vanoise>

’Se mamalan a th’ ann an ialtagan. Tha sin a’ ciallachadh gu bheil fuil bhlàth anna agus gaoiseid air am bodhaigean, coltach rinn fhìn agus ri tòrr dhe na peataichean againn. Bidh ialtagan òga ag òl bainne am màthar airson a’ chiad sheachdainean dhem beatha. Tha ialtagan eadar-dhealaichte bho mhamalan eile, ge-tà, leis mar as urrainn dhaibh sgèith. Tha cnàmhan anns na sgiathan aca a tha gu math coltach ris na cnàmhan ann an làmhan agus gàirdeanan dhaoine agus tha meamran nan sgiathan air a dhèanamh le craiceann air a sgaoileadh eadar cnàmhan fada nan ‘corragan’ agus cliathaich na h-ialtaig.

’Se creutairean beaga a th’ ann an ialtagan. Tha an ialtag as lugh a gheibhear ann am Breatainn, am pipistrelle, timcheall air 4cm de dh’fhaid le mu 5g a chuideam – nas lugh na bonn £1. Tha an ialtag as mothà a gheibhear ann am Breatainn, an noctule, mu dhà uimhir nas mothà le suas ri 40g a chuideam. Tha ialtagan Bhreatainn gu lèir gu math beag an taca ris an ialtaig as mothà air an t-saoghal, an Kalong. Gheibhear i sin ann an Àisia far a bheil i a’ tighinn beò air measan. Tha cha mhòr 2m a dh’fhaid anns na sgiathan aice.

Càit am faighear ialtagan?


Gheibhear ialtagan air feadh an t-saoghail. ’Se ‘spiris’ a chanar ris an àite sam bi ialtag a’ fuireach. Chan e an aon spiris a th’ aca fad an t-siubhail. Tha iad gu sònraichte dèidheil air na h-àiteachan a leanas nuair a tha iad a’ lorg spiris:

- craobhan
- uamhan
- drochaidean
- saibhlean no togalaichean eile

Bidh ialtagan a’ cadal airson a’ mhòr-chuid dhen gheamhradh. Airson sin bidh iad a’ lorg uamhan no seann mhèinnean no tunailean far a bheil teòthachd nas isle ann agus far nach cuirear dragh orra. Airson grunn sheachdainean as t-samhradh, bidh ialtagan boireann a’ fuireach còmhla air ‘spiris mhàthaireil’ far am beir iad. Bidh iad a’ fuireach air an spiris shònraichte seo gus am bi na h-ialtagan òga air chomas sgèith agus biadh a lorg dhaibh fhèin.

Carson a bhios ialtagan a’ crochadh bun-os-cionn?

Bidh ialtagan a’ crochadh bun-os-cionn air sgàth ’s gu bheil na ‘h-òrdagan’ anns na sgiathan aca agus mar sin, cha b’ urrainn dhaibh grèim a chumail air an spiris aca agus an sgiathan fosgladh aig an aon àm. Bhiodh seo a’ ciallachadh gum biodh iad ann an cunnart tuiteam mus fhaigheadh iad air an sgiathan fosgladh. Tha fèithean sònraichte nan casan a tha a’ ciallachadh gu bheil cuideam na h-ialtaig a’ teannachadh a’ ghrèim a th’ aca air an spiris, agus mar sin cha thuit iad far na spiris fiù ’s nuair a tha iad nan cadal.



<http://mamatus.centerblog.net/2044-le-parc-de-la-vanoise>



'S e creatairean os-nàdarra a th' ann an òladairean-fala air a bheil cumadh dhaoine ach a tha cuideachd air chomas a dhol nan ialtagan agus falbh air sgèith. Bidh iad beò ùine mhòr mhòr agus tha iad gu math doirbh am marbhadh. Bidh iad a' tighinn beò air feòil dhaoine. Nuair a dh'òlas iad fuil duine, tha cothrom aca an duine sin a thionndadh na (h)-òladair-fala cuideachd. Bidh iad a' dèanamh sin mar as trice nuair a tha sùil aca san duine mar bhean no fhear-pòsta.

Tha iad gu sònraichte cumanta ann an Transylvania, filmichean, prògraman-tbh agus nobhailean.

Tha corra dhòigh ann òladair-fala aithneachadh. Cùm sùil a-mach airson nam feartan a leanas:

- **Fiaclan-crìche fada biorach**
- **Aodach foirmeil ge bith dè an t-àm dhen latha, mar eisimpleir seacaid dinnearach no gùn fada aig bracaist¹**
- **Caisteal mar dhachaigh, le ciste-laighe an àite leabaidh agus òrgan mòr eaglaise an àite teilidh**

- **Ainmean mar Vlad, The Countess, Lachrymosa msaa**

Ma tha thu a' smaoineachadh gu bheil thu air tachairt ri òladair-fala², seo cuid dhe na rudan as urrainn dhut feuchainn gus a c(h)umail air falbh bhuat:

- Ith an t-uabhas creamh. Cha toigh le òladairean-fala creamh idir
- Geàrr liomaid ann am pìosan agus sad na b(h)eul e³. Tha e coltach gu bheil seo gan goirteachadh gu dona
- Croch croisean is iomhaighean-creideimh eile san taigh. Cha toigh le òladairean-fala iomhaighean-creideimh
- Cùm an uinneag dùinte uair sam bith a chì thu ialtagan mòra ann an seacaidean-dinnearrach a' sgèith mun taigh A rèir rannsachaidh, 's e an aon ðòigh air òladair-fala a mharbhadh maide biorach a shàthadh na c(h)ridhe. CHA BU CHÒIR DHUT SEO FHEUCHAINN UAIR SAM BITH. FÀG SEO AIG NA H-ÙGHDARRASAN IOMCHAIDH.



¹ Seo an ðòigh thraigheanta th' aig òladairean-fala ach bidh cuid dhen fheadhainn òga ga seachnadh an-diugh – faic Twilight, Buffy msaa

² Chan eil an tidsear Matamataig agad na (h)-òladair-fala. Tha a h-uile sgoilear air an t-saoghal a' smaointinn sin agus tha nas lugh a na 0.02% dhiubh ceart.

³ Iarr air inbheach do chuideachadh uair sam bith a chleachdas tu sgian gheur

Caimbeulaich agus Griogaraich



Thòisich an aimreit mhòr eadar na Caimbeulaich agus na Griogaraich nuair a fhuair Cailean Caimbeul, ceann-feadhna nan Caimbeulach, còir air Gleann Urchaidh ann an 1432. Bha na Caimbeulaich air a bhith air taobh Raibeirt Brus aig Blàr Allt a' Bhonnaich, agus riamh on uair sin bha iad air a bhith dileas don Chrùn – gu tric a' dòn fearann is beairteas a' Chrùin bho na cinnidhean eile – agus air urram is stòras a chosnadha dhaibh fhèin mar sin.

Bha droch fhaireachdann eadar na Caimbeulaich agus na Dòmhnullaich is na Leathanaich, ach 's ann air na Griogaraich bu mhotha a thug iad ionnsaigh, is dòcha on a bha fearann nan Griogarach ri taobh an fhearrainn aca fhèin, agus sùil aca ann.

Ann an 1603, thug na Griogaraich ionnsaigh air Clann Mhic a' Chombaich ann an Gleann Freòin. Thug an ionnsaigh, mu dheireadh thall, cothrom do na Caimbeulaich cur às dha na Griogaraich gu tur. Fhuair iad cead on Chrùn na Griogaraich a chur às an fhearrann aca, agus airson còrr is dà cheud bliadhna cha robh cead aig muinntir a' chinnidh cruinneachadh, buill-airm a ghiùlan, no fiù 's an t-ainm MacGriogair a chleachdadh. Thugadh am far-ainm 'Clann a' Cheathaich' orra, bhon a bha uimhir dhiubh nan luchd-fuadaich a' fuireach anns na beanntan agus ann an dìgean an rathaid.

Griogair Ruadh MacGriogair: 'Griogal Cridhe'

B' e Griogair Ruadh MacGriogair ceann-cinnidh Griogaraich Ghlinn Sreith. Phòs e Mòr Chaimbeul, nighean le Cailean Liath Caimbeul, an aghaidh toil Chailein. Chaidh a dhìcheannadh le Cailean Liath sa bhliadhna 1570.

Rinn Mòr òran a' caoidh Ghriogair air a bheil 'Cumha Ghriogair Mhic Ghriogair Ghlinn Sreith', no 'Griogal Cridhe' mar as fheàrr a dh'aithnichear e an-diugh. Anns an òran tha i a' guidhe gum bàsaich a h-athair leis a' 'phlàigh' agus a' caoidh gu bheil a mac beag air fhàgail gun athair.

Tha i cuideachd ag innse mar a chaidh Griogair a mharbhadh agus ag ràdh, nam biodh i fhèin air a bhith ann, gun robh i air fhuil òl. 'S e ìomhaigh a bha seo ann am bàrdachd bho shean air gaol mòr, no urram do cheann-cinnidh.

Cinnidhean Còmhragach

An cuala tu riamh duine ag ràdh nach bu chòir dhut earbsa a chur ann an Caimbeulach? Tha an sloinneadh a' ciallachadh 'beul cam' agus tha cuid a' smaointinn gu bheil sin a' dearbhadh gun robh riamh cliù aig a' chinneadh airson a bhith mealltach, breugach.

Carson, ge-tà, a bhiodh droch chliù mar sin aig cinneadh gu lèir?

Uill, tha cuid a' cumail a-mach gun robh na Caimbeulaich airidh air, bhon a bha iad an lùib droch ghnìomhan ann an eachdraidh mar Murt Ghleanna Comhann. Tha cuid eile a' creidsinn, ge-tà, gun robh iad 's dòcha ro mhath air a bhith a' taghadh an taoibh cheart ann an còmhrag sam bith, rud a thug dhaibh tòrr cumhachd is fearainn, agus a sgreamhaich daoine eile.*

Dè? Bhon a thagh iad an taobh ceart?

Dìreach sin. Cuimhnich nach eil e furasta a ràdh, aig toiseach còmhraig sam bith, dè an taobh a tha ceart. Tha e car coltach ri ball-coise. Ge bith dè an sgioba a tha thusa a' leantainn, sin an taobh 'ceart' dhutsa, nach e? Sin mar a bha na cinnidhean. Bha a h-uile duine a' smaointinn gun robh iad air an taobh cheart.

Sgeulachd bheag laghach 1:

Cailean Liath Caimbeul agus Griogar Ruadh MacGriogair

Bha siud ann reimhid (mu 1550) ceann-feadhna mòr air an robh Cailean Liath Caimbeul. Bha Cailean Liath uabhasach dèidheil air fearann, air airgead, agus air a nighinn, Mòr. Cha robh e idir, idir dèidheil air na Griogaraich. Dè cho fiadhaich 's a tha thu a' smaointinn a bha e, ma-thà, nuair a phòs Mòr, a nighean, ceann-feadhna nan Griogarach ann an Gleann Sreith, Griogar Ruadh MacGriogair?

Chan eil eachdraidh ag innse an tàinig Cailean chun na bainnse. Ach tha fhios againn gun tàinig e latha a chèilidh. An cuala tu riamh duine ag ràdh sa Bheurla gun robh neach cho feargach agus 'gun do chaill e a cheann'? Uill, cha do chaill Cailean Liath a cheann, ach chaill Griogar Ruadh. Gheàrr Cailean Liath dheth e.

Seo na thuirt Mòr ann an òran, 's i a' caoidh Ghriogair.

"Chuir iad do cheann air ploc daraich
is dhòirt iad d' fhuil gu lär;
Nam biodh agamsa sin cupa
Dh'òlainn dhith mo shàth."

(= dh'òlainn i gus nach biodh am pathadh orm tuilleadh)

*gu sònraichte na daoine aig an robh am fearann sa chiad dol a-mach

Aidh, 's e duine laghach a bh' ann an Cailean.




Stoidhlean snàmh

1. Buille-aghaidh shnàigeach

'S e buille-aghaidh shnàigeach an stoidhle snàmh as luaithe a th' ann agus cuidichidh i thu gu bhith misneachail às an neart agad san uisge. Tha i uaireannan doirbh ionnsachadh an toiseach, oir feumaidh tu obrachadh a-mach cuin a tharraingeas tu anail.


Ceum 1



1. Snàmh led bhodhaig gu lèir faisg air uachdar an uisge. Cùm do chasan is do chruachainn air cùl do ghuailnean. Ma tha e na chuideachadh, leig ort gu bheil thu a' snàmh tro thiùb thana gun a bhith a' suathadh ris na taobhan.


'S e dòigh mhath air seo a dhèanamh d' aodann a chur anns an uisge agus cumail a' breabadh led chasan fad na h-ùine.

Ceum 2



2. Cleachd breaban fada, luath, a' dèanamh cinnteach gu bheil faid do chasan a' gluasad suas is sìos. Bu chòir dhut do ghlùinean a lùbadh rud beag agus bu chòir dhad chasan splaisean beaga a dhèanamh. Breab do chasan ris an ruitheam a gheibh thu le bhith a' cunntadh gu luath gu sia.


Ceum 3



3. 'S e do ghàirdeanan a tha a' toirt neart don bhuelle, agus mar sin bu chòir do ghàirdeanan a dhol tron uisge, a-mach agus air ais os a chionn fear mu seach.

Nuir a chuireas tu do làmh don uisge air beulaibh do chinn, feuch gun 'geàrr' i don uisge leis a' chorraig an toiseach – mar as lugha an splais a nì thu, 's ann as fheàrr.


Ceum 4



4. Lùb d' uilinn agus brùth led làimh a dh'ionnsaigh do chasan airson a dhol nas luaithe – cùm a' dol i gus an ruig do làmh mullach do choise.

Tog do ghàirdean às an uisge agus feuch gun cùm thu sgiobalta e fhad 's a thèid e air ais don àite-tòiseachaidh.

Ceum 5



5. Tarraing d' anail gu rèidh. Bidh d' aodann anns an uisge agus mar sin feumaidh tu do cheann a thionndadh gu aon taobh airson anail a tharraing.


Tuilleadh comhairle

Cùm taobh do chinn anns an uisge nuair a thionndaidheas tu e.

Stoidhlean snàmh

Tha diofar bhuannachdan agus dùblain an lùib nan diofar stoidhlean snàmh. Cuidichidh an clàr seo thu ann a bhith a' smaointinn barrachd mun deidhinn.

Cuimhnich gur e sàbhailteachd as cudromaiche daonna nuair a tha thu a' snàmh.

Buille-snàmh	Buannachdan	Dùblain	Math airson:
Buille-aghaidh shnàigeach	Gu math luath	Doirbh ionnsachadh an toiseach oir feumaidh tu smaointinn tòrr mu cuin a tharraingeas tu anail	* Lùths * Misneachd
			
Buille-dealain-dè	Togaidh i comas snàmh airson ùine nas fhaide	* A' buille as doirbhe. * Nuair a tha thu a' snàmh ann am farpais, feumaidh tu bhith faiceallach oir chan eil cead agad snàmh fon uisge ach nuair a tha thu a' tionndadh	Neart
			
Buille-uchd	Uabhasach math mar eacarsaich	* Nuair a tha thu a' snàmh ann am farpais, feumaidh tu do cheann a chumail os cionn an uisge fad an t-siubhail * Slaodach	* Daoine a tha dìreach air ionnsachadh snàmh * Fallaineachd
			
Buille-chùil	* Tha e furasta d' anail a tharraing oir chan eil d' aodann anns an uisge * Chan fheum thu cus neirt	Chan fhaic thu càit a bheil thu a' dol	Daoine a tha air ùr-ionnsachadh snàmh
			

Gheibh aonan às gach sianar ann an Afraga BÀS ro aois 5. Cuidich iad AN-DIUGH



Tha Abrihet a' fuireach ann an Etiòpia. Às aonais biadh is uisge glan, tha i fhèin agus na milleanan de chloinn eile air feadh Afraga ann an cunnart am beatha ri linn acrais is tinneis. Le cho beag agus 60sg san latha faodaidh tu cothrom a thoirt do phàiste mar Abrihet air biadh, uisge, foghlam agus leigheas.

Bidh Clann An Toiseach ag obair an com-pàirt ri coimhairsnachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil do chuid airgid ga chleachdadhe ann an dòigh èifeachdach, gun seas buannachdan rè ùine agus gum bi teaghlaichean agus coimhairsnachdan air an cuideachadh gus beatha nas fheàrr a thoirt don cuid chloinne iad fhèin san àm ri teachd. Le bhith a' gealltann airgead do phàiste nì thu fhèin diofar mòr agus gheibh thu tuigse nas fheàrr air beatha ann an dùthaich eile aig an aon àm, tro litrichean is eile.

0800 900 7809

**no www.clannantoiseach.org.uk/cuidich_an_diugh
no cleachd am foirm gu h-ìosal**

Bu mhath leam biadh, foghlam agus slàinte a thoirt do phàiste ann an Afraga.



Tiotal..... Ciad ainm..... Ainm teaghlaich

Seòladh.....

Banka

Àireamh cunntais..... Còd-puist

Ainm sgriobhte.....



CLANN AN TOISEACH

Àireamh carthannais SC999999

Tha 79.3 sgillinn às gach not a thig thugainn a' dol còmhnrach gu coimhairsnachdan



<http://it.wikipedia.org>

www.wallpapers-free.co.uk

Sùthan:

air an son agus nan aghaidh

“Seall! Tha e a’ smèideadh riut! Smèid ris air ais! Siuthad! Seall – tha e a’ crathadb earbaill a-nis; tha e uabhasach toilichte...”

“Chan eil e uabhasach fiadhaich, a bheil? Siuthad, seall dbuinn d’fhiacan...”

“S e dhèanadh brat-ùrlair math...”

Saoil càit an cluinneadh tu na rudan gu h-àrd? Ma chanas tu ‘ann an sù’, tha e a cheart cho coltach gu bheil thu air a bhith ann am fear dhiubh o chionn ghoirid agus gu bheil cuimhn’ agad air an dòigh sam bi daoine a’ tighinn len cuid lachanaich is gleadhraich a choimhead air na muncaidhean agus na tigearan, a thogail dhealbhan, a cheannach rudan anns a’ bhùth agus an uair sin a’ falbh dhachaigh, ’s iad gu math riarrachte leis an spòrs a th’ air a bhith aca. ’S dòcha gun robh agus thu fhèin. Agus dè tha ceàrr air sin?

Uill, tha cuid de bhuidhnean a tha a’ strì airson còraichean bheathaichean a’ smaointinn gu bheil tòrr ceàrr air. Tha iadsan a’ smaointinn nach eil e idir cothromach beathaichean a chumail ann an àiteachan beaga far nach eil fois aca, no cothrom aca ruith is sreap is sealg a dhèanamh. Smaoinich air beatha thigearan anns na h-Innseachan. Siubhlaidh iad mìltean thar mhìltean tarsainn an savannah, uaireannan a’ ruighinn astar de 40

– 65 km san uair nuair a tha iad an tòir air biadh. Ithidh iad feòil bho na dusanan de dhiofar bheathaichean. Bidh cuileanan aca. Ann an sù, tha iad air an cumail ann an cèidse.

Seo suidheachadh eile, ge-tà. Gheibhearr losgannan ann an Camarùn agus Guinea – losgannan Goliath – a ruigeas suas ri 3.3 cg ann an cuideam agus 81cm ann am faid. Cha tig na losgannan seo beò ach ann an uisce glan gluasadach a tha làn ogsaidean. Bhon a tha daoine air tòrr dhe na coilltean san sgìre a leagail, chan eil mòran àiteachan mar seo air fhàgail. Tha luchd-cruinneachaidh cuideachd deònach sùimean mòra airgid a phàigheadh air na losgannan airson an cumail ann an ‘terraria’. Tha sin a’ ciallachadh gu bheil na losgannan an cunnart a dhol à bith. Nuair a tha beathaichean ann an cunnart a dhol à bith, tha tòrr dhaoine ag argamaid gu bheil e cudromach gu bheil sùthan againn sam faod sinn àireamh bheag dhiubh a chumail beò agus san gin iad.

Dè th’ ann an sù, ma-thà?

- A. àite far an tèid thu airson feasgar làn spòrs a’ coimhead air beathaichean leithid cheann-fionn agus tigearan
- B. àite a tha a’ dòn ghnèithean de bheathaichean a tha an cunnart a dhol à bith
- C. àite sa bheil beathaichean air an cumail ann an àrainneachd mhì-fhreagarrach mar spòrs do dhaoine
- D. àite sa bheil beathaichean a tha ann an cunnart air an dòn agus cothrom aig a’ mhòr-shluagh am faicinn agus barrachd ionnsachadh mun deidhinn

Ma thuirt thu A no B, tha thu coma dhe na h-argamaidean an aghaidh shùthan; ’s ann airson spòrs no dòn a tha iad, nad bheachdsa. Ma thuirt thu C, tha thu coma de shùthan. Ma thuirt thu D, tha thu ag aontachadh ris an rud a chanas a’ mhòr-chuid de shùthan fhèin nuair a thèid iarrайдh orra innse carson a tha iad ann. Dè cho fior ’s a tha e, ma-thà?